



## Leasan 6: An t-eun mòr agus am baile a chaidh a bhàthadh

Lachlann Dick, a thogadh ann an Glaschu ach le ceangal do dh'Uibhist a Tuath, ag innse sgeulachd do dh'Iain Peatarsan (Sgoil Eòlais na h-Alba)

Air a chlàradh ann an 1976

Faid: 00:03:29



<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/18562z>

### Tar-sgrìobhadh

**Lachlann Dick (LD):** Uair a bh' ann, bha baile àraidh am badeigin air feadh an t-saoghail, agus gu dearbh chan eil fios a'm fhin cà robh e, ach innsidh mi dhuibh mar a bha am baile a bha seo. Na daoine a bha a' còmhnaidh ann, 's e daoine mòra, mòra coltach a bha a' còmhnaidh sa bhaile, agus na daoine a th' ann an-diugh, chan eil annta ach daoine beaga bìodach, lapach tacsas ris na daoine a bha a' còmhnaidh anns a' bhaile a bha seo.

Bha aon nì annasach mun bhaile a bha seo. Aon uair sa bhliadhna, aig am àraid den bhliadhna, bhiodh eun mòr a' nochdadh os cionn a' bhaile, agus gu dearbh 's e eun mòr, mòr a bha ann, agus innsidh mi dhuibh cho mòr 's a bha an t-eun a bha seo. Bhiodh an gob air a dhol às an t-sealladh mun nochdadh an t-earball, agus bha de leud sna sgiathan aige agus gur ann a bha e a' falach na grèine fhad 's a bha e a' dol seachad, agus gu dearbh bhiodh na daoine fo iomagain mhòir fhad 's a bha an t-eun a bha seo a' dol seachad. Ach co-dhiù, bliadhna às dèidh bliadhna, seo mar a thachair. Nochdadh an t-eun 's reigheadh e às an t-sealladh.

A' bhliadhna a bha seo, dè thachair fhad 's a bha e a' dol seachad os cionn a' bhaile ach gur ann a rug e ugh, agus thàinig an t-ugh a-nuas gu làr slàn mar a bha e, agus bha an t-ugh ann a shin, taobh a-muigh a' bhaile. 'S ò, bha muinntir a' bhaile a' toirt sùil air an seo, 's iad fo iomagain, air thoradh bha iad a' ràdh riutha fhìn ma thig isean às a' chlostar mhòr a tha seo, cha bhì nì sa bhaile nach cuir e fodha fhèin, agus 's ann a rinn iad suas eatorra gur ann a bhriseadh iad an t-ugh.

Agus thòisich iad air an ugh. Cuid le na dùirn, 's cuid le na casan. Ach mur an do rinn e nì orra fhèin cha do rinn e dad air an ugh. O, chaidheas a dh'iarraidh na piocaidean 's na spaidean, 's theannar air an ugh, 's bha iad ann a shin fad na maidne a' gabhail dhan an ugh a bha seo. 'S dè mu dheireadh ach gun do spreadh an t-ugh, 's leis na thàinig às an ugh, nach robh a h-uile h-aon duine a bh' anns a' bhaile air am bàthadh, 's cha chualas an còrr air a' bhaile sin tuilleadh.

**Iain Peatarsan (IP):** Siuthad a-nise, dè... a bheil dad a dh'fhiosrachadh agad mun an sgeulachd a tha seo? Cò aig a chuala thu i, no...

**LD:** O chan eil fhios a'm gu dearbha, ach gu bheil mi caran de dh'amharas gur ann aig tè Mary Margaret a bh' anns a' Cheathramh Mheadhanach. Bha ise pòsta sa Cheathramh Mheadhanach, ach 's ann taobh Thaigh a' Gheàrraidh a bha i. Tha mi a' smaoinichadh gur ann à Baile an Locha a bha i.

**IP:** Ach bhiodh i na seann bhoireannach nuair a chuala thusa an sgeulachd.

**LD:** O uill, tha i an làthair fhathast.

**IP:** O tha i an làthair fhathast?

**LD:** O tha, tha. 'S dòcha gum bi an sgeulachd agaibh mar-thà, air thoradh cha chreid mi nach robh Dòmhnall Eairdsidh shuas.

**IP:** Seadh, coltach gu leòr.

**LD:** 'S dòcha gun robh, ach ma dh'fhaoidte nach d' fhuair e... Tha mi a' meas gur ann aicese a chuala mi i.

**IP:** Seadh, gur ann aicese a chuala thu i.

**LD:** Seadh, ach chan eil cuimhne ro mhath agam air.